

Maya Angelou

Sgrìobhadair, bàrd, seinneadair,
neach-iomaire

4mh Giblean, 1928 – 28mh Cèitean, 2014
(chaochladh aig 86 bliadhna a dh'aois)



GEÀRR-CHUNNTAS

Ma tha thu idir a' faireachdainn fo bhròn, neo as aonais bhrosnachaidh, agus feumach air spionnad, 's gann gum feum thu coimhead nas fhaide na air gliocas Maya Angelou a tha air a ghlacadh ann an obair a beatha, a bharrachd air na rudan a thuirt i fhèin. Seo aon eisimpleir: "Dì-chuimhnichidh daoine na thuirt thu, dì-chuimhnichidh daoine na rinn thu, ach cha dì-chuimhnichidh daoine a-chaoividh mar a thug thu orra faireachdainn."

Le bhith a' leughadh a smuaintean mu bheatha, chan fhairich thu ach togail sa bhad. Annda, cluinnidh tu a guth, agus a neach a bh' innte: blàth, èibhinn agus dìreach, tha i a' toirt misneachd dhuinn a bhith fialaidh, làidir, coibhneil, dealasach agus ceart dhuinn fhèin. Chan eil coltas òraid neo trod air na faclan aice idir, neo breith air far nach do rinn sinn an gnothach – tha i nas coltaiche ri deagh charaid. Gu riatanach chaoidh a ràdh aice, chan e a-mhàin gum bi thusa ceart gu leòr ach gum bi sinne ceart gu leòr.

Tro a farsaingeachd de leabhairichean, bàrdachd agus aistidhean, agus an iomadach às-earran a th' air cur as leth bhuaipe, tha leasanan làidir a' tighinn am bàrr. 'S e aon dhiubh co-faireachdainn: gu bheil e nas cudromaiche a bhith làimhseachadh dhaoine le coibhneas agus tuigse na tha rud sam bith eile anns an t-saoghal, a gabhail a-staigh buannachadh agus coileanadh. Tha fhùrinn gun do choilean Angelou an uidhir – na càrsa-obrach chruthachail a thug a-staigh sgrìobhadh, seinn, cleasachd, teagasg, gniomhachd agus stiùireadh - fiù 's nas mìorbhailiche nuair a chuimhnicheas sinn air a gealladh ri co-faireachd, tuigse agus a bhith ag èisteachd ri càch fad na h-ùine.

'S e leasan eile bhuaiche, a' chumhachd a th' againn fhèin. Tha sinn comasach air soirbheachas, bruidhinn a-mach agus strì gus am bi sinn cho math 's as urrainn dhuinn – agus 's e ar dleastanas a dhèanamh. Le deàrrsadhbh àbhachd nàdarra Angelou, cha robh ùine sam bith aice a bhith ri gruaim neo gearain. Ged a dh'fhuiling i mòran cruadail na beatha, bho òige mhòr-chiùrrach gu bhith na pàrant leatha fhèin 's i na deugaire a bharrachd air a bhith

a' fulang na bha ann de dh'ainneartach gràin-chinnidh sa choimhearsnachd a thogadh dhaoine dhubha. Lean Angelou oirre a bhith na neach-iomairt chòirichean chatharra làmh ri Martin Luther King agus Malcolm X, agus dh'innis i iomadh sgeulachd mu dhaoine as diofar chinnidhean tro a h-ealain.

Thug Angelou am follais ceangalan a bha eadarainn agus a bha gar n-aontachadh, nuair a tha sinn a' dèanamh as le rudan a leithid dath ar craiceann, far an do rugadh sinn agus dè dh'haodadh an saoghal cur nar n-aghaidh, tha againn ar spiorad dhaonna air nach gabh stad. Le bhith smaoineachadh air na dh'fhuiling Angelou, agus a h-uile rud a choilean i, chan ann a-mhàin gu cruthachail ach cuideachd a' bruidhinn os leth dhaoine eile, tha e gu math cudromach gum bi sinn ag èisteachd agus a feuchainn ri a comhairle a chur an cèill.

ÀRD-SHEALLADH CHÙRSA-OBRACH

Rugadh Maya ann am Missouri ann an 1928 agus bha a h-òige air a comharrachadh le mòr-ciùrradh a bhiodh an cùl gnothaichean fad a beatha. Bha chreids aice gun robh cumhachd aig a faclan cron a dhèanamh agus le sin sguir i bruidhinn airson còig bliadhna, ach, fiù 's na pàiste, bha meas mhòr aice air cànan, sgeulachdan, faclan agus bhogadh i i fhèin ann an saoghal nan leabhair. B' e coibhneas agus càirdeas boireannach Afraigean-Ameirigeanach, leis an ainm Mrs. Flowers, a thug oirre bruidhinn a-rithist aig aois 12. Le seo, chaidh oirre èirigh gu mullach a clas san sgoil agus mholadh Angelou i na b' fhaide air adhart na beatha le a leabhar chloinne Mrs. Flowers: *A Moment of Friendship*.

Na deugaire, 's i fuireach le a bràthair agus seannmhair, bha i cinnteach air a neo-eisimeileachd a choileanadh, a' gabhail obair sam bith a b' urrainn dhi leithid dannsa, seinn neo cleasachd gu bhith bruich bhurgairean, glanadh pheant bho chàraichean le a làmhan fhèin sa għaraids neo fiù 's a' stiùireadh chàraichean-chàball. As dèidh dhi fàs trom fhad 's a bha i fhathast san sgoil, rugadh mac dhith goirid as dèidh dhi an sgoil fhàgail. B' e an t-àm seo na beatha ris an tilleadh i an smuain na h-obair agus a tha a-nis air a meas mar aon dhe na rudan as cudromaiche, cumachdail agus misneachail ann a bhith a' fosgladh chòmhradh mu dheidhinn clalon-breith chinnidh, gnè agus ainneart, *I Know Why The Caged Bird Sings*.

Ann an 1950, ged a bha a màthair na h-aghaidh agus faireachdainnean sluaigh na h-ama an aghaidh chàirdeasan romansach eadar chinnidhean, phòs Angelou fear Grèigeach agus dh'inntrig i air àm mòr-chruthachail, tarbhach na beatha a mhaireadh, bhon sin, sia gu leth deichead.

Fàgaidh liosta de na rinn i aig an àm seo daoine am fiamh a' smaointinn air ciamar idir a rachadh air neach an uiread a rudan a choileanadh ri am beò. Bha i ri dannsa, seinn agus cleasachd gu proifeiseanta, agus ag obair air a ceann-fhèin na sgrìobhadair, deasaiche agus craoladair ann an Cairo agus Ghana. Sgrìobh i bàrdachd, aistidhean agus seachd beatha-aisneis mu a beatha fhèin a ghlac iom-fhillteachd cuairt mac an duine. Sgrìobh i, riochdaich i agus stiùir i dhealbhan-chluich, bha i ri cleasachd ann an prògraman telebhisein, a' stiùireadh fhilmichean, chaidh iomadach duais agus ceum urramach a thoirt dhi, agus ged nach do choilean i ceum foirmeil riamh, ghlac i inntinnean oilleanaich mar òraidiche oïlthigh.

Am measg na bha seo, b' e tagraiche misneachail a bh' innte airson chòirichean chatharra. Ann an 1960, choinnich i ri Martin Luther King, an tagraiche lèirsinneach leis an obrachadh i an co-bhonn le a deagh charaid eile, Malcolm X. B' e coinneamh chinn a bh' ann, a' lasadh cinnt làidir a faclan fhèin a chleachdadh gus bruidhinn a-mach airson dhaoine eile, a' gabhail pàirt ann an caismeachdan agus railidhean, a' cur bhuidhnean air dòigh agus, gu dearbh,

a' dèanamh sgrìobhadh a dh'adhbharaich aon de na rudan as mothà na beatha fhèin. Ann an 1993, fhuair i cuireadh a' phòs bhàrdachd *On The Pulse Of Morning* a leughadh aig seannsadh a' Cheann Suidhe Bill Clinton. Le mileanan de dh'Amerigeanaich a' coimhead air feadh na dùthcha, rinn i iarratas airson siòbhaltachd shòisealta, chan e a-mhàin a thaobh cinneadh ach eadar a h-uile duine - ge bith an gnè, teachd-a-steach neo cò as a thàinig iad. Cha leigeadh a co-fhaireachdainn le duine bhith air am fàgail as aonais aithneachadh mar chlann nan daoine, le còir co-ionnan air gaol, coibhneas agus ion-ghabhaltas.

ATH-LEUMACHD AGUS SGRIÖBHADH

Nuair a tha Angelou ag iarraidh oirnn a bhith misneachail, agus ath-leumach, ann an teachdaireachdan a dh'fhaodar a bhith simplidh, 's urrainn dha bhith furasta dì-chuimhneachadh mun strì mhòr agus cràdh a dh'fhuiling i. Anns na 1960an, chaidh a lèireadh gu domhainn le murt Martin Luther King agus Malcom X, trì bliadhna bho chèile. B' e laoich ghaisgeil agus stiùir a bh' annta ach caraidean cuideachd. Dh'fhàgadh fo smalan agus le cridhe briste i: ach fhathast, chùm i oirre a' sgrìobhadh agus cruthachadh, a' dèanamh ealain a bha a' coimhead air bheathannan dhaoine dhubha aig àm far an robh e cunnartach sin a dhèanamh. Le bhith a' cur aghaidh ri ana-cheartasan eachdraidheil, an àite a bhith ga dhiùltadh, chuir i aghaidh ri ana-cheartasan na h-ama; a' toirt air daoine a bhith mothachail chan e a-mhàin mum fulang, cràdh agus ciont ach mu an ainneart agus mùchadh a bha mun coinneamh. Dhùirig i, ged-tà, bruidhinn mu dheidhinn ceòl, toileachas, dealas agus gaol, a' toirt air daoine am beathannan slàn is beartach aithneachadh.

Chuir Angelou seachad a beatha da rìribh na faclan fhèin agus bha bhith onarach, fosgailte agus fìor mar phàirt dheth sin daonna. Ann an agallamh, dh'innis i mu na dùbhlain a bha an sàs ann a bhith a' sgrìobhadh agus na cnapan starra as an robh feum aice a' chùis a dhèanamh gus am faigheadh i h-obair a chur gu pàipear. Thug a beatha-aisneis aig an àm seo, *A Song Flung Up To Heaven*, còig bliadhna deug ri chrìochnachadh air sgàth 's a' chudrom a dh'fhaich i dhen a h-uile rud a bha air tachairt, cha b' e a-mhàin na beatha phearsanta ach na coimhleasachd agus thuirt i ann an agallamh: "Cha robh fios agam ciamar a sgrìobhainn e [...] ciamar a chuirinn an naidheachd ma sgaoil le rudeigin togarrach an sàs."

Nuair a bha i a' sgrìobhadh nan beatha-aisneisean mu h-òige chruaidh, thòisich i air deas-ghnàthach anns an robh 'bhith geasachd i fhèin'. Dh'èireadh i tràth sa mhadainn, rachadh i gu taigh-osta, gheibheadh i rùm agus dh'fhaighneachadh i air an luchd-obrach dealbhan sam bith a thoir far nam balla. Le ceithir rudan còmhla rithe – botal sherry, cairtean cluiche, co-fhaclair agus Bioball - thòiseachadh i ri iomairt nan cairt airson mu uair a thìde. Dh'aithris i gun cuideachadh seo gus a ceann a thoirt a dh'èiteigin eile far am faodadh i faighinn gu a cuimhneachan nas phasa. An uair sin, laigheadh i air an leabaidh agus sgrìobhadh i ann an leabhar-nòtaichean gu feasgar, mus dèanadh i gearradh air a h-uile càil air an oidhche.

Cha robh dad dheth seo furasta. Aig iomadach àm, feumadh gun robh e doirbh dhith a' bhrosnachadh a' lorg cumail a' dol, le bhith ceisneachadh carson a bha i ga chur fhèin tro na tachartasan goirt a-rithist. Ach bha Angelou dealasach dha a ceann-uidhe gus "fìrinn mhic an duine innse". Agus, mar a bhios am fianais nuair a leugheas sinn an obair aice, tha seo a' gabhail a-staigh an fhìrinn slàn ùpraideach mhòrbhaileach fhillte mur dheidhinn fhèin mar dhaoine. Tha iad ag aithris gu dìreach agus gu grad mu chùisean-mhulaid agus cràdh, ach cuideachd a' glèidheadh ar comais dòchas, toileachas, bòidhchead, ceangalan, neart agus ath-leumachd fhaireachdainn.

GEÀRR-CHUNNTAS

Ann an ro-ràdh aoin dhe na leabhraichean mu dheireadh aice, sgrìobh i “Feuch gum bi thu nad bhogha-frois do sgoth chuideigin eile. Na bi a’ gearain [...] bi cinnteach nach tig ort an eug as aonais rudeigin mìorbhaileach airson mac an duine.”

Nuir a chaochail Angelou anns a' Chèitein 2014, aig 86 bliadhna a dh'aois, bha i fhathast a' dèanamh an dearbh rud sin, a' sgrìobhadh agus ag obair chun an deiridh. Ged a bha cràdh na bodhaig air sàilleabh droch shlàinte, thuirt a mac nach do chaill i geurad a h-inntinn neo a tuigse.

Chan e a-mhàin gu bheil a dìleab air buaidh mhòr fhàgail air saoghal litreachais, ealain agus iomairteach; tha e gar nuadhachadh fhathast, mar dhaoine fath leth, airson ar mathanais. Cuiridh a h-ealain, an dòigh anns an do ghiùlain i a beatha, agus a gliocais, cuimhne oirnn mu a comhairle chudromach: nach eil dad cudromach ri bheò ach an dòigh is a bhios sinn ri chèile, mar dhaoine. Tha i a' cumail oirre bhith sealltainn dhuinn ciamar as urrainn dhuin a bhith nas coibhneile, tuigsiche agus fhialaidh. Ciamar a dh'fhaodadh sinn, agus a bu chòir dhuinn, seasamh suas dhuinn fhèin agus càch, ar beatannan a chleachdad airson math agus atharrachadh neo gabhail ri rudan anns nach eil làmh againn. Agus ciamar, ge bith dè bhios romhainn nar beatha, gu bheil an neart againn, nar broinn, cumail a' dol.



The logo features the words "Still I Rise" in a large, stylized, dark blue font. A small black bird is perched on the top of the letter "I".

Still I Rise is Supported by:

Aberdeen City Council, Aberdeen Endowments Trust, Alexander Moncur Trust, Balgay Children's Society, The Boshier-Hinton Foundation, Castansa Trust, Educational Institute of Scotland, The Ettrick Charitable Trust, Forteviot Charitable Trust, Gannochy Trust, Hugh Fraser Foundation, Jimmie Cairncross Charitable Trust, Leach Family Charitable Trust, Leisure & Culture Dundee, MEB Charitable Trust, Nancie Massey Charitable Trust, New Park Educational Trust, Northwood Charitable Trust, PF Charitable Trust, Scott-Davidson Charitable Trust, Scottish Association for Music Education, Steel Charitable Trust, Tillyloss Trust, Trades House of Glasgow, Verden Sykes Trust, Walter Scott Giving Group.



Royal Scottish National Orchestra
19 Killermont Street, Glasgow G2 3NX

Charitable Company registered in Scotland
Company Number: SC027809
Scottish Charity Number: SC010702

The RSNO is supported by
the Scottish Government

